

28 An Cèitean 2024

A phàrant/neach-cùraim chòir

San Gearran 2024, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Àrd-sgoil Uallais. Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard-sgoile agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Tha iad seo a' buntainn don dà chuid foghlam Gàidhlig agus Beurla, mura bheil diofar air ainmeachadh.

- Tha an ceannard-sgoile air leth èifeachdach agus a' toirt seachad ceannardas làidir, ro-innleachdail thairis air coimhairsnachd na sgoile. Tha e a' brosnachadh agus a' toirt cumhachd dhan luchd-obrach agus daoine òga air fad gus coimhairsnachd ionnsachaidh ion-ghabhailach agus taiceil a chruthachadh.
- Tha luchd-stiùridh a' churraicealaim ag obair gu soirbheachail le luchd-teagaisg airson dòighean-obrach dian a chur an sàs a thaobh planadh, measadh agus riaghladh ann am foghlam farsaing coitcheann. Tha na pròiseasan seo a' cur taic ri deagh thoraidhean airson daoine òga.
- Thar na sgoile agus Taigh Ochil, tha luchd-obrach a' toirt taic do shunnd dhaoine òga gu h-èifeachdach tro iomadh modh-obrach a tha air an deagh bheachdachadh. Gu h-àraidh, tha daoine òga a' faighinn buannachd bho na ro-innleachdan làidir agus cruthachail a tha gam brosnachadh a bhith fallain agus gnìomhach, tro spòrs agus a' brosnachadh deagh shlainte inntinn.
- Tha luchd-obrach agus com-pàrtichean a' tabhann farsaingeachd de chothroman a tha a' toirt an cothrom do gach neach òg a bhith a' coileanadh. Tha seo na neart sònraichte san sgoil.
- Tha daoine òga ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig nan luchd-labhairt misneachail sa chànan agus a' cur luach air an àite aca ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig. Tha iad a' faighinn deagh thaic bho luchd-eòlais Gàidhlig.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle Shruighlea.

- Bu chòir do luchd-teagaisg cumail orra a' dèanamh cinnteach gu bheil dùbhlan iomchaidh mu choinneamh daoine òga nan cuid ionnsachadh. Tha seo a' gabhail a-steach barrachd chothroman airson daoine òga a bhith a' stiùireadh ionnsachadh.
- Feumaidh luchd-stiùridh agus luchd-obrach fòcas a bharrachd a chur air a bhith a' leasachadh coileanadh san ìre às àirde.
- Bu chòir do luchd-stiùridh agus luchd-obrach cumail orra a' togail air soirbheasan Foghlam Meadhan Gàidhlig le bhith a' leasachadh dòigh-obrach ro-innleachdail a tha a' coimhead nas fhaide air adhart. Bu chòir fòcas a chur air a bhith a' leudachadh na cothroman ionnsachaidh tron Ghàidhlig agus, dhaibhsan a tha ag ionnsachadh tron Bheurla, Gàidhlig (Luchd-

ionnsachaidh).

Thog sinn fianais airson obair na sgoile a mheasadh a rèir ceithir comharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4^{mh} eagan\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a dhèanamh air dè a tha math agus dè a dh'fheumas leasachadh. An dèidh sgrùdadadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh mu na measaidhean againn gus sùil a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba.

Gheibhear gu h-ìosal na luachaidhean a rinn Foghlam Alba air Àrd-sgoil Uallais

Comharran càileachd	Luachadh
Stiùireadh atharrachaidhean	glè mhath
Ionnsachadh, teagasc agus measadh	math
A' dèanamh cinnteach mu sunnd, co-ionannachd agus ion-ghabhaltas	glè mhath
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} eagan) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia puing	

Bidh sgriobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Sgrùdadadh agus Lèirmheas | Foghlam Alba](#)
[Dè thachras a-nis?](#)

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist co-cheangailte ris an sgrùdadadh seo. Cuiridh Comhairle Shruighlea fios gu párrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Patricia Cameron
Neach-sgrùdaidh an Rìgh